



# Monad - Seònaid NicLachlainn

## Prìomh Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuaidh a bha aca, aig an àm sin agus on uair sin.

SOC 3-06a

Leasan 3	Seònaid agus a' Bhanrigh
<b>Eòlasan &amp; Builean</b>	<p><i>Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais.</i></p> <p style="text-align: right;"><b>LIT 2-26a</b></p> <p>Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam.</p> <p style="text-align: right;"><b>GAI 2-27a</b></p> <p><i>Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, gu neo-eisimeileach, airson diofar adhbharan, agus fiosrachadh no smuaintean deatamach agus fiosrachadh eile a tha a' cur taic riutha a chur ann an òrdugh rianail. 'S urrainn dhomh facail iomchaidh a chleachdadh airson rudan a chur an cèill gu soilleir ris an luchd-amais agam.</i></p> <p style="text-align: right;"><b>LIT 3-26a / LIT 4-26a</b></p> <p>'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghlacadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadh cànan, stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.</p> <p style="text-align: right;"><b>GAI 3-27a / GAI 4-27a</b></p>
<b>Goireasan</b>	Cleachd Duilleagan PPT 8 gu 10
<b>Èisteachd is Labhairt</b>	<p>Mar chlas –</p> <p>Aig deireadh gach duilleag PPT cleachd seo mar àite labhairt gus smaoinichadh air mar a bha Seònaid a' faireachdainn aig an àm.</p>
<b>Gnìomhan</b>	<p><b>Sgrìobhadh – Cruthaich teacsa – a' bruidhinn air faireachdainnean</b></p> <p><b>Roghainn - diofar ìrean de dhùbhlann do sgoilearan – Cleachd na gnìomhan a bhios freagarrach dhuibh.</b></p> <p>* Sgrìobh litir taing bho Sheònaid gu Banrigh Bhictòria.</p>



	<p>** Sgrìobh aithisg naidheachd airson prògram naidheachd air rèidio no telebhisean mu Sheònaid a' seinn dhan bhanrigh.</p> <p>*** Sgrìobh paragraf eile airson fèin-eachdraidh Seònaid mun àm a sheinn i dhan bhanrigh. Smaoinich air Ciamar a bha i a' faireachdainn? Cò ris a bha an caisteal coltach? Dè mun bhanrigh? Cleachd buadhairean agus ìomhaighean gus cunntas a thoirt air cò ris a bha e coltach.</p>
<b>Briathrachas</b>	<p>Cuireadh (ainmear) bileag ag iarraidh ort tighinn gu tachartas; fiathachadh. Urram (ainmear) 1. Meas mòr; spèis: chaidh urram a thoirt dhaibh 2. Rud às am bi thu moiteil: 'S e urram a th' ann. Othail (ainmear) fuaim uabhasach; ùpraid: bha othail mhòr ann nuair a chuala na daoine gun robh na saighdearan air tighinn don bhaile. Seudach (ainmear) rud le seudan air.</p>